FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| | KU | RE |
|---|---|---|
| Paper 1 | | |
| Paper 2 | | |
| **Total** | | |

# 2500/407

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2011

DICIADAIN , 4 CÈITEIN
9.00 m – 9.20 m

# MATAMATAIG
## AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre
Pàipear 1
Gun àireamhair

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 **Chan fhaod thu àireamhair a chleachdadh.**

2 Freagair nas urrainn dhut de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail falamh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhitheas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharraidhean fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir a chall.

SQA
©

| | Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**1.** Obraich a-mach na freagairtean aca seo.

(*a*) £3·82 × 4

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

1

(*b*) 835 – 416

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | |

1

(*c*) $\frac{1}{7}$ de 294

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | |

2

**2.** Anns an t-seusan seo chaidh, bha cluicheadair aghaidh aig sgioba ball-coise a' faighinn tadhal 50% dhe na tursan a' bha e faighinn cothrom.

Fhuair e 76 cothroman anns an t-seusan.

Cia mheud tadhal a fhuair e?



| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | tadhail |

2

*Comharraidhean* KU RE

**3.** Tha Fiona a' reic glasraich aig Fèill-reic Thuathanaich.



Buntàta



Currain



Creamhan-gàrraidh

Faodaidh am buntàta, na currain agus na creamhan-gàrraidh a tha i reic bhidh an dàrna cuid

- **Albannach**

  no

- **Sasannach**

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn aon shreath glasraich a dh'fhaodadh i a reic.

|  |  |  |
|---|---|---|
| Albannach | Sasannach | Albannach |
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |
| | | |

Cuir crìoch air a' chlàr a' sealltainn nan còig sreathan eile a dh'fhaodadh i a reic. **3**

Comharraidhean | KU | RE

**4.** Tha Iain a-muigh a' gabhail pàirt ann an eacarsaich trèanaidh.

Feumaidh e dhol bho THOISEACH gu CRÌOCH an raoin, a' tadhal air na puingean-dearbhaidh **uile**, **anns an òrdugh cheart**, mar a tha iad anns an dealbh.




Feumaidh Iain àirdean na combaist a sgrìobhadh sìos airson gach pàirt dhen turas aige.

Tha pàirt dhen liosta aig Iain gu h-ìosal.

TOISEACH, Tuath, An Ear, An Ear-dheas, __________________ ,

__________________ , CRÌOCH.

Lìon a-steach na beàrnan airson turas Iain air fad a shealltainn. **2**

**5.** Feumaidh Taiba 17 pocannan sgudail gàrraidh thoirt chun an ionad ath-chuartachaidh anns a' chàr aice.



Chan urrainn dhan chàr ach 3 pocannan a ghiùlan aig an aon àm.

Cia mheud turas a dh'fheumas Taiba a dhèanamh leis a' chàr airson an sgudal gu lèir thoirt chun an ionad ath-chuartachaidh?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | tursan |

2

**6.** Bha na Ròmanaich a' cleachdadh litrichean airson àireamhan.

Tha na litricheean a bhiodh iad a cleachdadh anns a' chlàr seo.

| | | |
|---|---|---|
| I | = | 1 |
| V | = | 5 |
| X | = | 10 |
| L | = | 50 |
| C | = | 100 |
| D | = | 500 |
| M | = | 1000 |

M C L X a' riochdachadh 1160

1000 + 100 + 50 + 10 = 1160

Faodar an àireamh MDVI obrachadh a-mach anns an aon dòigh.

Dè an àireamh tha MDVI a' riochdachadh?

OBRACHADH

FREAGAIRT

**4**

**7.** Tha taigh-òsta a' cur suas ghrafaichean gach latha tha a' sealltainn na teothachd ann an diofar bhailtean.

Tha an graf airson Glaschu air a chrìochnachadh mar-tha.

(*a*) Crìochnaich na grafaichean airson Venice agus Stockholm.




**2**

(*b*) Cia mheud puing nas blàithe tha Venice seach Stockholm?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | °C |

**2**

**8.** Tha am plèana aig Adhamh a fàgail aig 1630.



(*a*) Sgrìobh 1630 ann an riochd **12-uarach**.

| FREAGAIRT | |
|---|---|

1

(*b*) Feumaidh Adhamh a bhith aig a' phort-adhair 1 uair 15 mionaid mus fhalbh am plèana.

Tha e a' toirt 45 mionaid dràibheadh bhon taigh aig Adhamh chun a' phort-adhair.

Tha Adhamh a' fàgail an taighe aig 1410.

Am bi e aig a' phort-adhair ann an àm?

**Sgrìobh sìos do reusanachadh agad airson na freagairt seo.**

OBRACHADH

FREAGAIRT LE REUSANACHADH

4

[*CRÌOCH A' PHAIPEIR*]

**ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**Briathrachas (Bun Ìre, Pàipear 1)—Glossary (Foundation Level, Paper 1)**

| Gàidhlig | Beurla |
|---|---|
| Creamhan-gàrraidh | Leeks |
| Puingean-dearbhaidh | Checkpoints |
| Àirdean na combaist | Compass points (directions) |

**[DUILLEAG FHALAMH]**

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | | | | | |

**F**

| KU | RE |
|---|---|
| | |

# 2500/408

TEISTEANAIS NÀISEANTA 2011

DICIADAIN , 4 CÈITEIN
9.40 m – 10.20 m

# MATAMATAIG
## AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre
Pàipear 2

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith
Là Mìos Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

1 **Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh.**

2 Freagair nas urrainn dhut de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail falamh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhitheas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharran fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir a chall.

©

| | | Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|---|

**1.** Cheannaich Caitlin carabhan airson £32 300.

Reic i e an dèidh dà bhliadhna, ach chaill i £2460.



Dè phrìs aig an do reic Caitlin an carabhan aice?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

**2**

| Comhàrraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**2.** Tha bogsa seòclaid ann an cruth ciùbaid.

Tha fad a' chiùbaid 9 ceudameatair, leud 6 ceudameatair agus àirde 4 ceudameatair.




Obraich a-mach tomhas-lìonaidh a' bhogsa.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | ceudameatair ciùbach |

2

| | Comhарraidhean | KU | RE |
|---|---|---|---|

**3.** Tarraing an dealbh seo air a' chliath gu h-ìosal.

Dèan fad gach loidhne leth an fhaid a th' annta anns an dealbh àrd.





4

**4.** Tha Emma a' cluich le stràbhan tha i air gearradh gu na fadan anns an dealbh gu h-ìosal.




Tha i cleachdadh ceithir stràbhan airson a' ceart-cheàrnach seo a dhèanamh.




(*a*) Obraich a-mach farsaingeachd na ceart-cheàrnaich seo.

| | |
|---|---|
| OBRACHADH | |
| FREAGAIRT | ceudameatair ceàrnagach |

2

(*b*) Thug Emma an aire gu faodadh i ceithir stràbhan eile a chleachdadh airson ceart-cheàrnach eile dhèanamh aig a bheil **farsaingeachd co-ionann** ris an tè gu h-àrd.

Dè na ceithir stràbhan a chleachd Emma?

| | |
|---|---|
| OBRACHADH | |
| FREAGAIRT | |

2

Comharraidhean | KU | RE

**5.** Is e deich-cheàrnach a th' anns a' chumadh anns an dealbh gu h-ìosal.



Tha na ceàrnan aig meadhan na deich-cheàrnaich seo uile co-ionann.

Obraich a-mach meud na ceàrn dathte.

OBRACHADH

FREAGAIRT °

3

Comharraidhean | KU | RE

**6.** Tha companaidh àirneis a' dèanamh sgeilfichean aig diofar mheudan.

Tha cuid dhe na meudan anns na deilbh gu h-ìosal.

Sgeilf meud 1 Sgeilf meud 2 Sgeilf meud 3



4 pìosan fiodh 7 pìosan fiodh

(*a*) Cuir crìoch air a' chlàr seo.

| Meud na sgeilfe | 1 | 2 | 3 | 4 | 5 | 6 | | 13 |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| Cia mheud pìos fiodh? | 4 | 7 | | | | | | |

OBRACHADH

4

(*b*) Sgrìobh sìos riaghailt airson obrachadh a-mach an àireamh phìosan fiodh ma tha fhios agad air meud na sgeilfe.

RIAGHAILT

2

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**7.** Seo plana dhen chidsin aig Gordon.




(*a*) Tha an loidhne bhriste air a' phlana a' sealltainn an astair eadar a' sinc agus a' frids.

Tomhais fad na loidhne seo.

| FREAGAIRT | ceudameatair |
|---|---|

1

(*b*) Chaidh am plana a dhealbh air sgèile **1 ceudameatair riochdachadh 50 ceudameatair**.

Obraich a-mach am fìor astar eadar a' sinc agus a' frids.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | ceudameatair |

2

(*c*) Sgrìobh sìos am fìor astar eadar a' sinc agus a' frids **ann am meatairean**.

| FREAGAIRT | meatairean |
|---|---|

1

Comharraidhean | KU | RE

**8.** Faodar an clàr seo a chleachdadh airson cìs-rathaid càr gach bliadhna obrachadh a-mach, stèidhichte air na tha e a' cur a-mach de $CO_2$.

| *Bann* | *$CO_2$ a-mach* (g/km) | Cìs-rathaid bliadhna |
|---|---|---|
| A | Nas lugha na 100 | Chan eil càr sam bith anns a' bhann seo |
| B | 101 – 120 | £35 |
| C | 121 – 150 | £120 |
| D | 151 – 165 | £145 |
| E | 166 – 185 | £170 |
| F | Nas motha na 185 | £210 |

(*a*) Sgrìobh sìos cosgais na cìs-rathaid bhliadhnail aig càr tha a' cur a-mach 160 g/km $CO_2$.

| FREAGAIRT | £ |
|---|---|

1

(*b*) Tha an aon seòrsa càr aig Mgr Dunbar agus aig a bhean. Tha iad a' pàigheadh £340 gu lèir airson cìs-rathaid gach bliadhna.



Dè **am Bann** anns a bheil na càraichean aca?

OBRACHADH

FREAGAIRT

3

*Comharraidhean* | KU | RE

**9.** Dh'iarr Miss Sweeney air a h-uile sgoilear anns a' chlas aice meud nam brògan aca a' sgrìobhadh air pìos paipear.

Dh'iarr i orra an uair sin clàr-tricead a dhèanamh leis an fhiosrachadh seo.

Tha an clàr-tricead sin gu h-ìosal.

| *Meud bròig* | *Comharran-cunntaidh* | *Tricead* |
|---|---|---|
| 2 | ǀ | 1 |
| 3 | ǀǀ | 2 |
| 4 | 𝍸 | 5 |
| 5 | 𝍸 ǀǀ | 7 |
| 6 | ǀǀǀ | 3 |
| 7 | ǀǀ | 2 |

(*a*) Lorg mòd nam meudan bhrògan.

FREAGAIRT

**1**

Aig deireadh an leasain chruinnich Miss Sweeney na pìosan pàipear ach thuit a dhà dhuibh gun fhios dhi.

Tha na pìosan paipear a th' aig Miss Sweeney fhathast na làimh air an sealltainn gu h-ìosal.

| | | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| 2 | 3 | 3 | 4 | 4 | 4 | 4 | 5 | 5 |
| 5 | 5 | 5 | 5 | 5 | 6 | 6 | 6 | 7 |

(*b*) Dè na meudan bròige bh' air an dà phìos paipear a thuit air Miss Sweeney?

OBRACHADH

FREAGAIRT

**2**

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**10.** Tha Cairt-Siubhail Oileanaich a' toirt dhaibh lùghdachadh 35% air na faraidhean rèile aca.

Tha am faradh gach rathad eadar Inbhir Àir agus Glaschu £11.

(*a*) Tha Cairt-Siubhail Oileanaich aig Carol.

Obraich a-mach an lùghdachadh a gheibh i airson faradh gach rathad eadar Inbhir Àir agus Glaschu.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| FREAGAIRT | £ |

**2**

(*b*) Dè na dh'fheumas Carol pàigheadh airson a faradh gach rathad eadar Inbhir Àir agus Glaschu?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| FREAGAIRT | £ |

**2**

*Comharraidhean* | KU | RE

**11.** Tha tòimhseachain air an dèanamh le cearcaill agus ceàrnagan.

Feumaidh na h-àireamhan anns an dà chearcall còmhla ri chèile a bhith co-ionann ris an àireamh anns a' cheàrnaig.




(*a*) Dè an àireamh a tha T a riochdachadh?




| FREAGAIRT | T = |
|---|---|

1

(*b*) Dè na h-àireamhan a tha A, B agus C a riochdachadh?




OBRACHADH

| FREAGAIRT | A = <br> B = <br> C = |
|---|---|

3

**12.** Cheannaich Mike càr a' cleachdadh sgeama ceannach-iasaid.




Dè na phàigh Mike gu lèir air a' chàr aige?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | £ |

4

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**13.** Bha Dolly a' Chaora ainmeil nuair chaidh a clònadh aig Ionad Roslin ann an Dùn Èideann.



Rugadh Dolly air an 5mh an t-Iuchar 1996.

Bhàsaich i air an 14mh an Gearran 2003.

Dè an aois a bha Dolly nuair a bhàsaich i?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | bliadhna a dh'aois |

3

| Comharraidhean | KU | RE |
|---|---|---|

**14.** Is e saor a th' ann an Jafar.

Bidh e a' crochadh dhorsan ann an taighean.



Tha e a' cleachdadh na riaghailt seo airson obrachadh a-mach prìs gach pìos obrach.

**Prìs ann an notaichean = 35 + (An àireamh dhorsan × 28)**

Dè na dh'fheumas tu pàigheadh ma chrochas Jafar 8 dorsan dhut?

| OBRACHADH | |
|---|---|
| FREAGAIRT | £ |

3

**[Tionndaidh gu *Duilleag a sia-deug* airson Ceist 15**

Comharraidhean | KU | RE

**15.** Rinn màthair dèideag-chluich airson na cloinne aice.

Tha an dealbh gu h-ìosal a' sealltainn aodann aghaidh na dèideig.

Tha e air a dhèanamh le bhith a' gearradh cearcall a-mach à ceàrnag.






Obraich a-mach **radius** a' chearcaill.

| OBRACHADH | |
|---|---|
| | |
| FREAGAIRT | ceudameatair |

4

[*CRÌOCH A' PHAIPEIR*]

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

ACKNOWLEDGEMENT

Foundation Level Paper 2 Question 13—Photograph of Dolly the Sheep is reproduced by kind permission of The Roslin Institute, The University of Edinburgh.

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**Briathrachas (Bun Ìre, Pàipear 2)—Glossary (Foundation Level, Paper 2)**

| **Gàidhlig** | **Beurla** |
|---|---|
| Sgeama ceannach-iasaid | Hire purchase scheme |
| Sùim sìos | Deposit |
| Dèideag-chluich | Play toy |

**[DUILLEAG FHALAMH]**